

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

F

Total

--

**1220/27/01**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2012

DIHAOINE, 11 CÈITEAN  
9.00 AM – 9.40 AM

GÀIDHLIG  
An Ìre Choitcheann  
Bun Ìre  
Leughadh

NATIONAL  
QUALIFICATIONS  
2012

FRIDAY, 11 MAY  
9.00 AM – 9.40 AM

GÀIDHLIG  
STANDARD GRADE  
FOUNDATION  
READING

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

--

Leugh gach pàirt den earrainn gu faiceallach agus freagair na ceistean air an earrainn sin.

Feuch ri na ceistean gu lèir a fhreagairt.

Comharraich bogsa  no sgrìobh freagairt anns a' bheàrn.

**Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.**



**EARRANN**

**Pàirt 1**

Bha còig sgoilearan deug bhon a' cheathramh bliadhna aig Àrd-sgoil an Eilein a' dol chun an Ionad Spòrsan Uisge a bha faisg air a' Ghearastan. Bha iad a' dol a chur seachad deireadh-seachdain a' feuchainn diofar spòrsan agus ag ionnsachadh mar a bhitheadh iad ag obair ann am buidhnean. Dh'fhàg am bus aig leth uair an dèidh naoi. Bha a h-uile duine anns a' bhus a' gàireachdainn agus a' bruidhinn. Ach, bha Mìcheal na shuidhe gu sàmhach le a smuaintean fhèin. Bha e caran draghail oir cha robh e uabhasach math air snàmh agus bha fios aige gum bitheadh aca ri dhol a-mach air abhainn agus loch. Ach cha tuirt e guth ri duine. Cha robh e ag iarraidh gum bitheadh daoine a' tarraing às.

**CEISTEAN**

1. Dè a' bhliadhna san sgoil a bha a' dol air an turas?

3mh	
4mh	
5mh	

1

2. (a) Càite an robh iad a' dol?

---



---

2

- (b) Carson a bha iad a' dol an sin?

---



---

2

3. Dè bha a h-uile duine anns a' bhus a' dèanamh, seach Mìcheal?

---



---

2

*Comharraidhean*

4. Carson a bha Micheal draghail?

---

---

**2**

5. Carson nach do dh'innis e càil do dhuine sam bith?

---

**1**

**(10)**

**[Tionndaidh an duilleag**

**Pàirt 2**

Nuair a ràinig iad an t-Ionad thug iad sùil air na rumannan agus dh'ith iad am biadh. “An toiseach, thèid sinn sìos an abhainn anns na curachain, no canoes mar a chanas iad anns a’ Bheurla,” thuirt an neach-teagaisg. Mus do dh’fhalbh iad sheall e dhaibh mar a bhitheadh iad a’ tionndadh, a’ gluasad agus a’ cur stad air a’ churachan. “Dèanaibh cinnteach nach tèid sibh nas fhaide na an drochaid oir tha an abhainn cunnartach às dèidh sin.” Chuir iad uile clogaidean agus seacaidean-sàbhalaidh orra. ’S e abhainn fharsaing agus fhada a bh’ ann. An dèidh greis bha Micheal glè thoilichte oir bha e a’ dol cho luath ’s gun robh e aig toiseach na buidhne. B’ ann an uair sin a chuala e an èigheach air a chùlaibh – “Stad a Mhìcheil! Stad! Stad!”

**CEISTEAN**

1. Ainmich aon rud a rinn na sgoilearan nuair a ràinig iad an t-Ionad.

\_\_\_\_\_ 1

2. Dè na rudan a sheall an neach-teagasg dhaibh?

\_\_\_\_\_  
\_\_\_\_\_  
\_\_\_\_\_ 3

3. (a) Caite an robh aca ri faighinn às an abhainn?

\_\_\_\_\_ 1

- (b) Carson a bha aca ri sin a dhèanamh?

\_\_\_\_\_ 1

4. Dè chuir iad orra?

\_\_\_\_\_  
\_\_\_\_\_ 2

5. Carson a bha Micheal toilichte?

\_\_\_\_\_  
\_\_\_\_\_ 2

**(10)**

### Pàirt 3

Thionndaidh Mìcheal a cheann agus chunnaic e a charaidean uile air bruaich na h-aibhne. Bha fios aige gun robh e air a dhol ro fhada. Dh'fheuch e an uair sin ris a' churachan a thionndadh agus a dhol air ais ach bha an abhainn a' gluasad na bu luaithe. "Feumaidh mi stad," smaoinich e. Ach, cha b' urrainn dha. Bha a charaidean a' leum suas is sìos agus ag èigheach ach bha Mìcheal a' falbh leis an abhainn. Gu h-obann, chuir an curachan car agus bha Mìcheal fhèin san abhainn. "Cuidich mi! Cuidich mi!" dh'eigh e. Gu fortanach, chunnaic Mìcheal craobh anns an abhainn agus fhuair e grèim oirre. An dèidh còig mionaidean nochd na caraidean aige agus an neach-teagaisg. Shad iad ròpa thuige agus shlaod iad gu tìr e. Glè luath bha Mìcheal air bruaich na h-aibhne, fuar is fliuch ach gu math taingeil gun robh e a-mach às an uisge le a bheatha.

### CEISTEAN

1. Dè a' chiad smuain a bha aig Mìcheal nuair a chunnaic e a charaidean air bruaich na h-aibhne?

\_\_\_\_\_ 1

2. Carson nach b' urrainn do Mhìcheal an curachan a thionndadh?

Cha robh e làidir gu leòr	
Bha an abhainn ro luath	
Bha e bun os cionn	

1

3. Ciamar a tha fios againn gun robh a charaidean draghail?

\_\_\_\_\_  
\_\_\_\_\_ 2

4. Dè fhuair Mìcheal grèim air anns an abhainn?

creag	
craobh	
an curachan	

1

[Tionndaidh an duilleag airson Ceistean 5 agus 6 air duilleag a sia

*Comharraidhean*

5. Ciamar a chaidh Micheal a shàbhaladh?

---

---

**2**

6. Ciamar a bha Micheal a' faireachdainn aig an deireadh?

---

---

---

**3**

**(10)**

**[30]**

*[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]*

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

F

Total  
Mark

--

**1220/27/02**

TEISTEANAIS DIHAOINE, 11 CÈITEAN  
NÀISEANTA 2.15 PM – 2.45 PM  
2012

GÀIDHLIG  
An Ìre Choitcheann  
Bun Ìre  
Èisteachd (Ceistean)

NATIONAL FRIDAY, 11 MAY  
QUALIFICATIONS 2.15 PM – 2.45 PM  
2012

GÀIDHLIG  
STANDARD GRADE  
FOUNDATION  
LISTENING

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

--

Tha dà earrann anns an deuchainn.

**Sanas airson Earrainn A agus Earrainn B.**

Cluinnidh tu earrann.

Èist gu faiceallach.

Leugh na ceistean.

Cluinnidh tu an earrann a-rithist, ann an trì pàirtean, agus na ceistean airson gach pàirt.

Èist gu faiceallach a-rithist; faodaidh tu notaichean a dhèanamh.

Freagair na ceistean: comharraich bogsa  no sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

**Mus fàg thu seòmair na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.**



**CEISTEAN**

**Earrann A**

**Pàirt I**

1. Carson a tha Aonghas toilichte?

tha an luchd-coiseachd air ruighinn tràth	
tha e air an luchd-coiseachd a choinneachadh	
tha an luchd-coiseachd air an stuth ceart a thoirt leotha	

1

2. Ainmich **dà** rud a bha aig an luchd-coiseachd ri thoirt leotha.

---



---

2

3. (a) Dè an seòrsa aimsir a tha aig bonn na beinne?

---

1

- (b) Ciamar a dh'fhaodadh an aimsir a bhith shuas air a' mhullach?

---

1

Comharraidhean

**Pàirt II**

4. Dè tha Aonghas ag innse mun luchd-coiseachd?

gu bheil iad anns na beanntan airson a' chiad uair	
gu bheil iad gu math fallain	
gu bheil eòlas aca air a bhith sna beanntan	

1

5. Dè dh'fheumas an luchd-coiseachd a dhèanamh tron latha?

\_\_\_\_\_

1

6. Carson a dh'fheumas iad a bhith a' coiseachd aig astar luath?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

7. Cuin a dh'fhaodas a' bheinn a bhith gu h-àraidh cunnartach?

\_\_\_\_\_

1

**[Tionndaidh an duilleag**

Comharraidhean

**Pàirt III**

8. Dè tha Aonghas an dùil a chì iad?

seallaidhean iongantach	
tòrr dhaoine eile	
iomadh beinn timcheall orra	

**1**

9. Càit a bheil Aonghas air a bhith a' siubhal nam beann?

---



---

**2**

10. Dè am beachd a tha aig Aonghas air a' bheinn seo?

---



---

**2**

**(15)**

Comharraidhean

## Earrann B

### Pàirt I

1. Dè nach robh Aonghas an dùil a thachradh?

gun gabhadh iad am biadh aig mullach na beinne	
gun ruigeadh iad mullach na beinne	
gum faiceadh iad dad o mhullach na beinne	

1

2. Ciamar a bha an aimsir?

\_\_\_\_\_

1

3. Dè tha air a ràdh mu *Bheinn a' Mhadaidh*?

\_\_\_\_\_

1

4. Dè tha ri fhaicinn air cùlaibh an luchd-coiseachd?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

**[Tionndaidh an duilleag**

*Comharraidhean*

**Pàirt II**

5. Dè tha air a ràdh mun bheinn air an latha seo?

---

---

**2**

6. Cò bhitheas còmhla ris a' mhòr-chuid de dhaoine a bhitheas air a' bheinn seo?

---

**1**

7. Dè tha a' tachairt air a' bheinn gach bliadhna?

---

---

**2**

*Comharraidhean*

**Pàirt III**

8. Dè dh'fheumas iad a thoirt leotha?

---

---

**2**

9. (a) Dè nach fheum iad fhàgail?

---

**1**

(b) Carson a tha sin cudromach?

---

---

**2**

**(15)**

**[30]**

*[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]*

**[DUILLEAG FHALAMH]**

# 1220/27/12

---

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2012

DIHAOINE, 11 CÈITEAN  
2.15 PM – 2.45 PM

GÀIDHLIG  
An Ìre Choitcheann  
Bun Ìre  
Èisteachd (Earrann)

NATIONAL  
QUALIFICATIONS  
2012

FRIDAY, 11 MAY  
2.15 PM – 2.45 PM

GÀIDHLIG  
STANDARD GRADE  
FOUNDATION  
LISTENING TRANSCRIPT

**This paper must not be seen by any candidate.**

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



(The passage below should be read in approximately 2 minutes.)

## EARRANN A

Tha an companaidh *Siubhal nam Beann Mòra* a' toirt dhaoine air cuairtean gu mullach cuid de na beanntan as àirde a tha ann an Alba. Tha Aonghas Dòmhnallach, an neach-stiùiridh, a' bruidhinn ri na daoine a tha gu bhith a' coiseachd còmhla.

### Pàirt I

Madainn mhath dhuibh uile agus tha mi fìor thoilichte ur coinneachadh. Mus tog sinn oirnn, tha mi airson dhà no thrì rudan cudromach a ràdh ribh. Chaidh innse dhuibh mu thràth gum feumadh sibh aodach freagarrach agus biadh agus deoch gu leòr a thoirt leibh. Tha mi an dùil gum bi iad sin agaibh. Ged a tha deagh latha grianach againn shìos an seo aig bonn na beinne, dh'fhaodadh gum bi an aimsir glè dhiofraichte shuas air a' mhullach.

### Pàirt II

Tha fios agam gu bheil sibh uile cleachdte gu leòr ri bhith a' coiseachd sna beanntan. Ach, dh'iarrainn oirbh a bhith ag èisteachd ri mo stiùiridhean tron latha. Tha e cudromach gun tuig sibh gum feum sibh a bhith a' gluasad aig astar luath gus an ruig sinn air ais an seo mus fàs i dorcha. Bu chòir gum bi toirdsichean agaibh uile air eagal 's gun tèid dàil sam bith a chur oirnn. Tha rèidio agam air eagal 's gun tèid duine sam bith a ghoirteachadh. 'S e beinn gu math cunnartach a tha seo, gu h-àraidh ma dh'fhàsas an t-side ceòthach.

### Pàirt III

'S e an rud mu dheireadh a chanainn aig an ìre seo gu bheil mi an dòchas gun còrd an latha ribh gu mòr. Tha mi an dòchas gun tug sibh leibh camara oir tha mi an dùil gum faic sibh seallaidhean iongantach air gach taobh den bheinn an-diugh. Tha mise air a bhith a' siubhal nam beann air feadh Bhreatainn agus thall thairis fad mo bheatha agus saoilidh mi nach eil beinn eile cho brèagha no cho inntinneach ris an tè seo. Trobhadaibh ma-tà, tha e cho math dhuinn tòiseachadh.

\* \* \*

(After a gap of 2 minutes, read Parts I, II and III and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)

### Pàirt I

Madainn mhath dhuibh uile agus tha mi fìor thoilichte ur coinneachadh. Mus tog sinn oirnn, tha mi airson dhà no thrì rudan cudromach a ràdh ribh. Chaidh innse dhuibh mu thràth gum feumadh sibh aodach freagarrach agus biadh agus deoch gu leòr a thoirt leibh. Tha mi an dùil gum bi iad sin agaibh. Ged a tha deagh latha grianach againn shìos an seo aig bonn na beinne, dh'fhaodadh gum bi an aimsir glè dhiofraichte shuas air a' mhullach.

*(10 seconds)*

## CEISTEAN

1. Carson a tha Aonghas toilichte?

tha an luchd-coiseachd air ruighinn tràth, *no*

tha e air an luchd-coiseachd a choinneachadh, *no*

tha an luchd-coiseachd air an stuth ceart a thoirt leotha

*(30 seconds)*

2. Ainmich **dà** rud a bha aig an luchd-coiseachd ri thoirt leotha.

*(30 seconds)*

3. (a) Dè an seòrsa aimsir a tha aig bonn na beinne?

(30 seconds)

(b) Ciamar a dh'fhaodadh an aimsir a bhith shuas air a' mhullach?

(30 seconds)

## Pàirt II

Tha fios agam gu bheil sibh uile cleachdte gu leòr ri bhith a' coiseachd sna beanntan. Ach, dh'iarrainn oirbh a bhith ag èisteachd ri mo stiùiridhean tron latha. Tha e cudromach gun tuig sibh gum feum sibh a bhith a' gluasad aig astar luath gus an ruig sinn air ais an seo mus fàs i dorcha. Bu chòir gum bi toirdsichean agaibh uile air eagal 's gun tèid dàil sam bith a chur oirnn. Tha rèidio agam air eagal 's gun tèid duine sam bith a ghoirteachadh. 'S e beinn gu math cunnartach a tha seo, gu h-àraidh ma dh'fhàsas an t-side ceòthach.

(10 seconds)

## CEISTEAN

4. Dè tha Aonghas ag innse mun luchd-coiseachd?

gu bheil iad anns na beanntan airson a' chiad uair, *no*

gu bheil iad gu math fallain, *no*

gu bheil eòlas aca air a bhith sna beanntan

(30 seconds)

5. Dè dh'fheumas an luchd-coiseachd a dhèanamh tron latha?

(30 seconds)

6. Carson a dh'fheumas iad a bhith a' coiseachd aig astar luath?

(30 seconds)

7. Cuin a dh'fhaodas a' bheinn a bhith gu h-àraidh cunnartach?

(30 seconds)

**[Tionndaidh an duilleag**

### **Pàirt III**

'S e an rud mu dheireadh a chanainn aig an ìre seo gu bheil mi an dòchas gun còrd an latha ribh gu mòr. Tha mi an dòchas gun tug sibh leibh camara oir tha mi an dùil gum faic sibh seallaidhean iongantach air gach taobh den bheinn an-diugh. Tha mise air a bhith a' siubhal nam beann air feadh Bhreatainn agus thall thairis fad mo bheatha agus saoilidh mi nach eil beinn eile cho brèagha no cho inntinneach ris an tè seo. Trobhadaibh ma-tà, tha e cho math dhuinn tòiseachadh.

*(10 seconds)*

### **CEISTEAN**

8. Dè tha Aonghas an dùil a chì iad?

seallaidhean iongantach, *no*

tòrr dhaoine eile, *no*

iomadh beinn timcheall orra

*(30 seconds)*

9. Càit a bheil Aonghas air a bhith a' siubhal nam beann?

*(30 seconds)*

10. Dè am beachd a tha aig Aonghas air a' bheinn seo?

*(30 seconds)*

(The passage below should be read in approximately 2 minutes.)

## EARRANN B

Mu mheadhan-latha, tha an luchd-coiseachd air mullach na beinne a ruighinn agus tha an neach-stiùiridh, Aonghas Dòmhnallach, a' bruidhinn riutha a-rithist.

### Pàirt I

Cha robh mi an dùil gum bitheadh sinn a' gabhail ar biadh aig fìor mhullach na beinne – 's ann ainneamh a bhitheas i cho ciùin shuas aig an àirde seo. Agus abair seallaidhean - chan fhaca mi riamh na b' fheàrr! Air ur beulaibh, chì sibh *Beinn a' Mhadaidh* le beagan sneachda oirre fhathast agus air ur cùlaibh chì sibh bailtean beaga na Gàidhealtachd.

### Pàirt II

Tha a' bheinn gu math trang an-diugh le buidhnean de dhaoine an siud 's an seo. Bidh a' mhòr-chuid de dhaoine a' tighinn le luchd-stiùiridh – mar a thàinig sibh fhèin. 'S e duine gòrach a bhitheadh an seo leis fhèin 's gun eòlas aige air a' bheinn. Gu mì-fhortanach, tha daoine air an leòn agus air am marbhadh a h-uile bliadhna air a' bheinn seo.

### Pàirt III

Co-dhiù, 's fheàrr dhuinn a bhith a' togail oirnn ann am mionaid no dhà. Feumaidh sinn a bhith cinnteach gun toir sinn leinn a h-uile càil a bhuineas dhuinn oir cha bhì e comasach dhuinn tilleadh air ais airson dad. Feumaidh sinn cuideachd a bhith cinnteach nach fàg sinn sgudal sam bith às ar dèidh oir tha sin a' dèanamh milleadh air maise an àite.

\* \* \*

(After a gap of 2 minutes, read Parts I, II and III and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)

### Pàirt I

Cha robh mi an dùil gum bitheadh sinn a' gabhail ar biadh aig fìor mhullach na beinne – 's ann ainneamh a bhitheas i cho ciùin shuas aig an àirde seo. Agus abair seallaidhean - chan fhaca mi riamh na b' fheàrr! Air ur beulaibh, chì sibh *Beinn a' Mhadaidh* le beagan sneachda oirre fhathast agus air ur cùlaibh chì sibh bailtean beaga na Gàidhealtachd.

*(10 seconds)*

## CEISTEAN

1. Dè nach robh Aonghas an dùil a thachradh?

gun gabhadh iad am biadh aig mullach na beinne, *no*

gun ruigeadh iad mullach na beinne, *no*

gum faiceadh iad dad o mhullach na beinne

*(30 seconds)*

2. Ciamar a bha an aimsir?

*(30 seconds)*

3. Dè tha air a ràdh mu *Bheinn a' Mhadaidh*?

*(30 seconds)*

4. Dè tha ri fhaicinn air cùlaibh an luchd-coiseachd?

*(30 seconds)*

## **Pàirt II**

Tha a' bheinn gu math trang an-diugh le buidhnean de dhaoine an siud 's an seo. Bidh a' mhòr-chuid de dhaoine a' tighinn le luchd-stiùiridh – mar a thàinig sibh fhèin. 'S e duine gòrach a bhitheadh an seo leis fhèin 's gun eòlas aige air a' bheinn. Gu mì-fhortanach, tha daoine air an leòn agus air am marbhadh a h-uile bliadhna air a' bheinn seo.

*(10 seconds)*

### **CEISTEAN**

5. Dè tha air a ràdh mun bheinn air an latha seo?

*(30 seconds)*

6. Cò bhitheas còmhla ris a' mhòr-chuid de dhaoine a bhitheas air a' bheinn seo?

*(30 seconds)*

7. Dè tha a' tachairt air a' bheinn gach bliadhna?

*(30 seconds)*

## **Pàirt III**

Co-dhiù, 's fheàrr dhuinn a bhith a' togail oirnn ann am mionaid no dhà. Feumaidh sinn a bhith cinnteach gun toir sinn leinn a h-uile càil a bhuineas dhuinn oir cha bhì e comasach dhuinn tilleadh air ais airson dad. Feumaidh sinn cuideachd a bhith cinnteach nach fàg sinn sgudal sam bith às ar dèidh oir tha sin a' dèanamh milleadh air maise an àite.

*(10 seconds)*

### **CEISTEAN**

8. Dè dh'fheumas iad a thoirt leotha?

*(30 seconds)*

9. (a) Dè nach fheum iad fhàgail?

*(30 seconds)*

- (b) Carson a tha sin cudromach?

*(30 seconds)*

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**